

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total

--

1220/401

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Bun Ìre
Leughadh

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



EARRANN

Pàirt 1

Cha robh Ruaraidh a' dol a shealltainn air uaireadair – bha fhios aige gun robh e fadalach. Chrùb e a cheann an aghaidh an uisge agus ruith e sìos an t-sràid chun an oisein far an robh e a' coinneachadh ri Mairead. Stad e agus thug e sùil mun cuairt air.

Cha b' urrainn dha faicinn ro mhath air sgàth na droch shìde – an t-uisge a' dòrtadh agus a' ghaoth a' sèideadh. Bha e cinnteach às aon rud ge-tà; cha robh i ann. Gu dearbh, cha robh sgeul air duine. Tharraing e a sheacaid suas os cionn a chinn gus an t-uisge a chumail dheth 's e coma a-nis dè thachradh dha fhalt 's e bog fliuch a-nis co-dhiù. Sheall e mun cuairt aon turas eile agus rinn e guidheachan fo anail.

Cha robh e uabhasach fadalach. Sia mionaidean an dèidh seachd. Siorraidh buan! Cha robh i ro fhoighidneach ma bha i air falbh mar-thà!

CEISTEAN

1. (a) Dè an rud nach robh Ruaraidh a' dol a dhèanamh?

1

- (b) Carson nach robh e a' dol a dhèanamh sin?

Bha fhios aige gun robh e tràth gu leòr.	
Bha fhios aige nach robh e tràth gu leòr.	
Bha fhios aige nach biodh e fada tuilleadh.	

1

2. Càite an robh e a' dol a choinneachadh ri Mairead?

1

3. Dè an seòrsa sìde a bha ann?

2

Comharraidhean

4. Dè an smuain a bha aige mu fhalt?

Cha robh dragh aige.	
Bha e airson gum biodh e fliuch.	
Bha e airson gum biodh e sgiobalta.	

1

5. Dè rinn e a thug ort tuigsinn nach robh e toilichte?

2

6. Dè an uair a bha e?

6.06	
7.15	
7.06	

1

7. Dè am beachd a th' aig Ruaraidh air Mairead aig an deireadh?

1

(10)

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt 2

Bha an t-uisge a' tòiseachadh a' drùidheadh tro chòta nuair a chuala e ceumannan air an t-sràid. Bha cuideigin ann an sàilean àrda a' greasadh oirre suas an t-sràid. Cha do thionndaidh e gus an robh i timcheall an oisein.

“A Mhairead. Bha dùil ’am . . . O! Hallo Chatrìona.”

“Hai a Ruaraidh, a bheil thu a' feitheamh ri cuideigin?” dh'fhaighnich Catrìona 's i cumail a sùilean rèidh air. Bha iad cho liath-ghorm, a sùilean. An robh an dath iongantach sin orra nuair a bha iad san sgoil? Ciamar nach do mhothaich e an uair sin?

“Eh, tha.”

“Seo.” Thog i a sgàilean. “Tha e nas tiorma fon a seo.” Rinn i gàire beag tarraingeach agus dh'fhuirich i ris a thighinn a-steach ri a taobh.

“Cò ris a tha thu a' coinneachadh?” dh'fhaighnich Catrìona.

“Mairead Chaimbeul. Dè mu do dheidhinn fhèin?”

“Och, balach nach aithne dhut is dòcha. Tha e coltach nach eil e a' tighinn co-dhiù. Bha còir aige a bhith an seo aig seachd uairean. Carson nach tèid sinn fhìn a-mach còmhla seach gu bheil sinn an seo co-dhiù?” dh'iarr Catrìona gu dòchasach.

CEISTEAN

1. Ciamar a bha fios aige gun robh cuideigin a' tighinn?

1

2. Dè cho luath 's a bha an neach sin a' coiseachd?

ann an cabhaig	
gu slaodach	
aig astar meadhanach	

1

3. Cuin a thionndaidh Ruaraidh?

1

4. Cò bha air tighinn?

1

Comharraidhean

5. Dè tha air ìnnse dhuinn mu shùilean Chatrìona?

1

6. Dè na ceistean a bha air Ruaraidh aig an àm sin?

2

7. Cò ris a bha Ruaraidh an dùil coinneachadh?

Catrìona	
balach nach b' aithne dha	
Mairead	

1

8. Dè dh'iarr Catrìona air Ruaraidh a dhèanamh aig an deireadh?

2

(10)

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt 3

Thàinig an nighean timcheall an oisein agus sheall i mun cuairt.

Cha robh seo coltach ri Ruaraidh MacLeòid.

Bha fios aice gun robh i fadalach – thuirt a caraidean rithe a bhith fadalach. Thuirt iad gum fuiricheadh Ruaraidh rithe, uisge ann no às. Sheall i air a h-uaireadair. Ceithir mionaidean deug an dèidh seachd. Dìreach mar a dh’innis iad dhi, agus bu chòir fios a bhith acasan, gu h-àraidh aig Catrìona - nach ise a bha eòlach air inntinn nam balach! Thuirt Catrìona nach falbhadh balach sam bith gu cairteal an dèidh seachd.

Carson ma-thà, nach robh e ann?

’S cinnteach gun robh e fadalach. Sin e.

Ruaraidh còir. Smaoinich i air a’ chrith a bha na ghuth nuair a thug e an cuireadh dhi agus rinn i gàire beag rithe fhèin san dorchadas. Cha leigeadh Ruaraidh sìos i, bha fhios aice air a sin.

Dh’fhuiricheadh i ris.

CEISTEAN

1. (a) Carson a bha an nighean air dheireadh?

2

- (b) Dè thuirt a caraidean rithe mu Ruaraidh?

2

2. Carson a bha an nighean a’ creidsinn na thuirt Catrìona?

1

3. Dè dh’innis Catrìona dhi?

2

Comharraidhean

4. Carson a rinn Mairead gàire beag?

2

5. Dè bha i a' dol a dhèanamh?

1

(10)

[30]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total
Mark

--

1220/404

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Bun Ìre
Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Sanas airson Earrainn A agus Earrainn B.

Cluinnidh tu earrann.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an trì pàirtean, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist gu faiceallach a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Earrann A

Pàirt I

1. Dè a' chiad rud a tha air iarraidh air an luchd-siubhail?

suidhe sìos	
pàigheadh airson an turais	
criosan-sàbhalaidh a chur orra	

1

2. Càite **nach bu chòir** stuth sam bith a bhith?

2

3. Dè tha air beulaibh gach neach-siubhail?

1

4. Cia mheud latha a bhitheas an luchd-siubhail air chuairt?

1

Pàirt II

5. Ciamar a tha an aimsir an-dràsta?

1

6. (a) Dè an t-àite a chì an luchd-siubhail sa mhadainn?

caisteal	
lùchairt	
taigh-tasgaidh	

1

(b) Dè tha air a ràdh mun àite seo?

1

7. Càit am bi an luchd-siubhail feasgar?

2

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt III

8. Cuin a ruigeas an luchd-siubhail an taigh-òsta?

1

9. Dè tha air a ràdh mu ìre an taigh-òsta?

2

10. Cò às a thig biadh an taigh-òsta?

às an Fhraing	
à sgìre an taigh-òsta	
à gàrraidhean an taigh-òsta	

1

11. Dè am biadh a mholadh an dràibhear?

1

(15)

Earrann B

Pàirt I

1. Dè an dòchas a tha aig an dràibhear?

2

2. Dè tha an dràibhear ag ràdh mun t-sìde a bha ann an-dè?

gur e latha fliuch dha-rìreabh a bha ann	
gur ann ainneamh a gheibhear latha cho math	
gun robh gèile ann	

1

3. Dè **nach fhaca** an dràibhear riamh ron sin?

2

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt II

4. Càit am bi an luchd-siubhail a' tadhal an-diugh?

aig taigh-bìdh	
aig taigh-staile	
aig taigh-dhealbh	

1

5. Dè nì an luchd-siubhail an sin?

1

6. Dè a dh'fhaodas an luchd-siubhail blasad aig an àite seo?

1

7. Dè a dh'fhaodadh an luchd-siubhail a cheannach sa bhùth?

2

Pàirt III

8. Càit an stad am bus air an t-slighe gu Inbhir Nis?

2

9. Dè chì an fheadhainn a choisicheas dhan àite?

1

10. (a) Càit am bi an fheadhainn **nach coisich** dhan àite?

ann am bùithtean	
ann an cafaidh beag	
nan suidhe air a' bhus	

1

(b) Dè chì iadsan an sin air telebhisean?

1

(15)

[30]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/405

TEISTEANAIS DIARDAOIN, 20 CÈITEAN
NÀISEANTA 2.15 PM – 2.45 PM
2010

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Bun Ìre
Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN A

Tha an companaidh bus *Siubhal na Gàidhealtachd* a' cur chuairotean goirid air dòigh gach samhradh. Tha am bus a' dol a dh'fhàgail Inbhir Nis agus tha an luchd-siubhail ag èisteachd ris an dràibhear:

Pàirt I

Madainn mhath dhuibh agus fàilt oirbh air bòrd an-diugh. Mus can mi an còrr mun latha, tha mi airson iarraidh oirbh ur criosan-sàbhalaidh a chur oirbh agus dèanamh cinnteach nach eil stuth sam bith na laighe air an làr eadar na suidheachain. Tha mi cuideachd airson ur n-aire a thoirt gu na leabhraichean fiosrachaidh a tha air ur beulaibh. Annta sin, chì sibh far a bheil sinn an dùil a dhol agus na tha sinn an dùil fhaicinn anns an dà latha a tha air thoiseach oirnn.

Pàirt II

Tha mi toilichte a ràdh, ged a tha i car sgòthach an-dràsta, gu bheil sìde ghrianach, theth air a gealltainn an-diugh. Anns a' mhadainn, tha sinn an dùil tadhal air Caisteal a' Chaolais – togalach le eachdraidh fìor inntinneach. Gabhaidh sinn biadh anns an taigh-bìdh a tha ri a thaobh. Mu dhà uair, ruigidh sinn taobh siar na Gàidhealtachd 's tha sinn an dòchas am feasgar a chur seachad air tràigh àlainn faisg air Ceann an Loch Mhòir.

Pàirt III

Mar a tha fios agaibh, 's ann an Taigh-òsta Ceann an Loch Mhòir a bhitheas sibh a' fuireach a-nochd agus bu chòir gun ruig sinn ar ceann-uidhe mu chòig uairean feasgar. 'S e taigh-òsta uabhasach spaideil a tha ann agus tha e glè chofhurtail. Tha am biadh a gheibhear ann a' tighinn bhon sgìre mun cuairt air an taigh-òsta. Ma bhios sibh fhathast mì-chinnteach dè dh'itheas sibh an dèidh an clàr-bidhe fhaicinn, mholainn fhèin am bradan.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Madainn mhath dhuibh agus fàilt oirbh air bòrd an-diugh. Mus can mi an còrr mun latha, tha mi airson iarraidh oirbh ur criosan-sàbhalaidh a chur oirbh agus dèanamh cinnteach nach eil stuth sam bith na laighe air an làr eadar na suidheachain. Tha mi cuideachd airson ur n-aire a thoirt gu na leabhraichean fiosrachaidh a tha air ur beulaibh. Annta sin, chì sibh far a bheil sinn an dùil a dhol agus na tha sinn an dùil fhaicinn anns an dà latha a tha air thoiseach oirnn.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. Dè a' chiad rud a tha air iarraidh air an luchd-siubhail?

suidhe sìos, *no*

pàigheadh airson an turais, *no*

criosan-sàbhalaidh a chur orra

(30 seconds)

2. Càite **nach bu chòir** stuth sam bith a bhith?

(30 seconds)

3. Dè tha air beulaibh gach neach-siubhail?

(30 seconds)

4. Cia mheud latha a bhitheas an luchd-siubhail air chuairt?

(30 seconds)

Pàirt II

Tha mi toilichte a ràdh, ged a tha i car sgòthach an-dràsta, gu bheil sìde ghrìanach, theth air a gealltainn an-diugh. Anns a' mhadainn, tha sinn an dùil tadhal air Caisteal a' Chaolais – togalach le eachdraidh fìor inntinneach. Gabhaidh sinn biadh anns an taigh-bìdh a tha ri a thaobh. Mu dhà uair, ruigidh sinn taobh siar na Gàidhealtachd 's tha sinn an dòchas am feasgar a chur seachad air tràigh àlainn faisg air Ceann an Loch Mhòir.

(10 seconds)

CEISTEAN

5. Ciamar a tha an aimsir an-dràsta?

(30 seconds)

6. (a) Dè an t-àite a chì an luchd-siubhail sa mhadainn?

caisteal, *no*

lùchairt, *no*

taigh-tasgaidh

(30 seconds)

(b) Dè tha air a ràdh mun àite seo?

(30 seconds)

7. Càit am bi an luchd-siubhail feasgar?

(30 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt III

Mar a tha fios agaibh, 's ann an Taigh-òsta Ceann an Loch Mhòir a bhitheas sibh a' fuireach a-nochd agus bu chòir gun ruig sinn ar ceann-uidhe mu chòig uairean feasgar. 'S e taigh-òsta uabhasach spaideil a tha ann agus tha e glè chofhurtail. Tha am biadh a gheibhear ann a' tighinn bhon sgìre mun cuairt air an taigh-òsta. Ma bhios sibh fhathast mì-chinnteach dè dh'itheas sibh an dèidh an clàr-bidhe fhaicinn, mholainn fhèin am bradan.

(10 seconds)

CEISTEAN

8. Cuin a ruigeas an luchd-siubhail an taigh-òsta?

(30 seconds)

9. Dè tha air a ràdh mu ìre an taigh-òsta?

(30 seconds)

10. Cò às a thig biadh an taigh-òsta?

às an Fhraing, *no*

à sgìre an taigh-òsta, *no*

à gàrraidhean an taigh-òsta

(30 seconds)

11. Dè am biadh a mholadh an dràibhear?

(30 seconds)

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN B

An ath mhadainn, tha an luchd-siubhail air bòrd a' bhus agus, a-rithist, tha an dràibhear a' bruidhinn riutha:

Pàirt I

Uill, tha mi an dòchas gun d' fhuair sibh deagh chadal 's gu bheil sibh deiseil airson latha trang eile. Bha e math cluinntinn bho gu leòr agaibh mar a chòrd an latha an-dè ribh 's tha mi an làn dùil gum bi an latha an-diugh a cheart cho math. Feumaidh mi a ràdh nach ann tric a tha latha cho àlainn ri sin againn air a' Ghàidhealtachd agus chan fhaca mi a-riamh na h-uibhir de dhaoine air an tràigh.

Pàirt II

Anns a' mhadainn an-diugh, tha sinn gu bhith a' siubhal mu thuath airson uair a thìde agus bidh sinn a' tadhal air taigh-staile Àird a' Mhuilinn. Bidh turas againn timcheall air an taigh-staile 's gheibh sibh cothrom an t-uisge beatha a bhlasad. Tha bùth anns an taigh-staile agus chan eil fhios nach fhaigh sibh lorg air tiodhlac innte do chuideigin aig an taigh.

Pàirt III

Feasgar, bidh sinn a' siubhal air ais a dh'ionnsaigh Inbhir Nis ach bidh cothrom againn stad airson uair a thìde aig an eas as àirde a tha ann an Alba. Tha e a' toirt mu dheich mionaidean coiseachd gu bonn an easa agus gheibh sibh seallaidhean iongantach dheth às a sin. Ma tha feadhainn air bòrd a tha a' faireachdainn nach eil iad ag iarraidh coiseachd chun an easa, cha leig iad a leas dragh a ghabhail. Faodaidh iadsan a dhol gu cafaidh beag anns a bheil dealbhan den eas rim faicinn air telebhisean mòr.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Uill, tha mi an dòchas gun d' fhuair sibh deagh chadal 's gu bheil sibh deiseil airson latha trang eile. Bha e math cluinntinn bho gu leòr agaibh mar a chòrd an latha an-dè ribh 's tha mi an làn dùil gum bi an latha an-diugh a cheart cho math. Feumaidh mi a ràdh nach ann tric a tha latha cho àlainn ri sin againn air a' Ghàidhealtachd agus chan fhaca mi a-riamh na h-uibhir de dhaoine air an tràigh.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. Dè an dòchas a tha aig an dràibhear?

(30 seconds)

2. Dè tha an dràibhear ag ràdh mun t-sìde a bha ann an-dè?

gur e latha fliuch dha-rìreabh a bha ann, *no*

gur ann ainneamh a gheibhear latha cho math, *no*

gun robh gèile ann

(30 seconds)

3. Dè **nach fhaca** an dràibhear riamh ron sin?

(30 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

Pàirt II

Annas a' mhadainn an-diugh, tha sinn gu bhith a' siubhal mu thuath airson uair a thìde agus bidh sinn a' tadhal air taigh-staile Àird a' Mhuilinn. Bidh turas againn timcheall air an taigh-staile 's gheibh sibh cothrom an t-uisge beatha a bhlasad. Tha bùth anns an taigh-staile agus chan eil fhios nach fhaigh sibh lorg air tiodhlac innte do chuideigin aig an taigh.

(10 seconds)

CEISTEAN

4. Càit am bi an luchd-siubhail a' tadhal an-diugh?

aig taigh-bìdh, *no*

aig taigh-staile, *no*

aig taigh-dhealbh

(30 seconds)

5. Dè nì an luchd-siubhail an sin?

(30 seconds)

6. Dè a dh'fhaodas an luchd-siubhail blasad aig an àite seo?

(30 seconds)

7. Dè a dh'fhaodadh an luchd-siubhail a cheannach sa bhùth?

(30 seconds)

Pàirt III

Feasgar, bidh sinn a' siubhal air ais a dh'ionnsaigh Inbhir Nis ach bidh cothrom againn stad airson uair a thìde aig an eas as àirde a tha ann an Alba. Tha e a' toirt mu dheich mionaidean coiseachd gu bonn an easa agus gheibh sibh seallaidhean iongantach dheth às a sin. Ma tha feadhainn air bòrd a tha a' faireachdainn nach eil iad ag iarraidh coiseachd chun an easa, cha leig iad a leas dragh a ghabhail. Faodaidh iadsan a dhol gu cafaidh beag anns a bheil dealbhan den eas rim faicinn air telebhisean mòr.

(10 seconds)

CEISTEAN

8. Càit an stad am bus air an t-slighe gu Inbhir Nis?

(30 seconds)

9. Dè chì an fheadhainn a choisicheas dhan àite?

(30 seconds)

10. (a) Càit am bi an fheadhainn **nach coisich** dhan àite?

ann am bùithtean, *no*

ann an cafaidh beag, *no*

nan suidhe air a' bhus

(30 seconds)

(b) Dè chì iadsan an sin air telebhisean?

(30 seconds)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]